



## Tìotal: Casg-ghin agus condoman

Ìre: ÀRD

Ceanglan CfE

A thaobh a' Churraicealam airson Sàr mhathas tha an ìre seo a' leudachadh agus a' cur ri na chaidh ionnsachadh aig a' Cheathramh Ìre.

Eòlasan agus builean	Slatan-tomhais
A' cleachdadh na dh'ionnsaich mi, 's urrainn dhomh co-dhùnaidhean is roghainnean fiosraichte a dhèanamh a tha ag adhartachadh is a' dìon mo shlàinte is mo shunnd ghnèitheasach fhìn agus dhaoine eile.. HWB 4-47b	<ul style="list-style-type: none"><li>A' tuigsinn nan còraichean agus na dleastanasan a tha nam pàirt de fheise shàbhailte agus thlachdmhòr.</li></ul>

### Amasan Ionnsachaidh

- Gum bi an t-ionnsachadh a chaidh a dhèanamh roimhe mu chasg-gin agus condoman air a dhaingneachadh agus air ùrachadh.
- Gum bi fios aig daoine òga carson a tha casg-ghin agus dè na prìomh sheòrsaichean a th' ann.
- Gum bi fios aig daoine òga càit am faighear fiosrachadh agus comhairle mu chasg-gin.

### Slatan-tomhais

- 'S urrainn dhomh na prìomh sheòrsaichean casg-gin a tha ri fhaighinn.
- Tha mi a' tuigsinn gu bheil co-dhùnaidhean agus cleachdaidhean a thaobh casg-gin nam pàirt de dhàimhean sàbhailte agus thlachdmhòr.
- Tha fios agam càit an tèid mi airson fiosrachadh agus comhairle mu chasg-gin.

### Goireasan-taic

- Bidh feum aig na daoine òga air cothrom air tablaidean/fònaichean airson a' ghnìomh seo.
- Biadh aig an tidsear/neach-foghlaim ri rannsachadh a dhèanamh air seirbheisean ionadail a tha a' tabhann casg-gin/condoman do dhaoine òga san sgìre agaibh. Cuimhnich faighinn a-mach cò a seirbheisean a tha a' tabhann chondoman an asgaidh far a bheil sibh a' fuireach.
- NHS Inform: <https://www.nhsinform.scot/healthy-living/contraception/getting-started/the-different-types-of-contraception>
- NHS Inform Casg-gin Èiginneach <https://www.nhsinform.scot/healthy-living/contraception/emergencies/emergency-contraception>
- Male condom demonstration (faid 1 mhion. 43) <https://youtu.be/Rr2bahvJuOo>
- Female condoms: How do they work? (faid 1 mhion. 5) <https://youtu.be/EfwstN51Zlw>
- Cartoon animations (gach film 1 mhion.) Dèante leis an FPA, tuilleadh mun obair aca an seo: [Let's talk about sex! | Sexwise](#) Filmicheam air fad an seo: [Sexwise - YouTube](#)

No tro na ceanglaichean

- Cows talk Contraceptive Implants <https://youtu.be/Pw1HruBL5Zs>
- Elephants talk Emergency Contraception <https://youtu.be/LkCQYaFIPzY>
- Pufferfish talk Condoms <https://youtu.be/ehRpXeX0Syl>
- Pstair FPA: <https://sexwise.fpa.org.uk/sites/default/files/resource/2018-04/contraceptive-choices-at-a-glance-chart-sexwise-fpa.pdf>

*Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh cuiribh an bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.*

**Casg-gin:** Tha a' ghnìomh seo a' moladh gun tèid na daoine' òga air-loidhne airson coimhead air agus sgrùdadh a dhèanamh mu dhiofar sheòrsaichean casg-gin. No dh'fhaodadh neach-obrach no buidheann slàinte tadhal le uidheamachd a sheallas na taghaidhean a tha ri fhaighinn – gabhaidh iad seo am faighinn air iasad/bidh iad air an toirt seachad le buidhnean ionadail.

**Uidheamachd a sealltainn mar a chleachdar condom:** gabhaidh iad seo an ceannach no am faighinn bho bhuidheann ionadail, tha diofar modailean ann. Thai ad a' toirt cothrom air eòlas phraxtaigeach air mar a chleachdar condom a chuireas ris an fhiosrachaidh agus am film a thathar a' moladh sa ghnìomh seo.

**Buaidh Covid-19:** Air sgàth a' phandemic 's dòcha gum bi cuid de sheirbheisean air atharrachadh, gheibh sibh seo a-mach nuair a rannsaicheas seirbheisean ionadail airson an leasain seo. Tha e cudromach misneachd a thoirt dha na daoine' òga nach eil e gu diofar dè na h-atharrachaidhean a th' air a bhith ann gum faigh iad fhathast na tha a dh'ìth orra.

## Obair

1. Dèan cinnteach gu bheil cothrom aig na daoine' òga air iPad/taibhid, Coimiutair no gu bheil fònaichean aca a dh'fhaoidas iad a chleachdadh sa chlas. Tòisich an seisean (leis an slaighd). Aig an toiseach gum faod e bhith gum bi sibh a' ruith thairis air fiosrachadh a th' aca mar thà.

An diugh bidh sinn ag ionnsachadh mu chasg-gin. Tha casg-gin a' cur stad air leatromachd. Faodaidh neach cuideachd casg-gin a chleachdadh gus smachd fhaighinn air no stad a chur air fuil mhiosail, me ma tha sìleadh trom air neach. San t-seisean seo gheibh sibh a-mach mu chasg-gin, gu h-àraid *Long Acting Reversible Contraception* (in-steallaidhean, iomplant agus an coil) agus Casg-gin Èiginneach agus Condoman.

2. Aig an ìre thrath seo agus fad an t-seisein, bruidhinn ri fir òga agus ri boireannaich òga gu co-ionann agus thoir a' bhuidheann gu lèir a-steach air a' chòmhradh. Dèan gu math soilleir nach eilear a' gabhail ris gu bheil daoine' òga ri feise, agus nach eil sìon pearsanta an diugh, mar sin feumaidh sinn a bhith spèiseil do dhìomhaireachd dhaoine' eile. Iarr air na daoine' òga tadhal air an làrach a bhios a' libhrigeadh tòrr fiosrachaidh math an diugh: **NHS Inform** <https://www.nhsinform.scot/healthy-living/contraception/getting-started/the-different-types-of-contraception>

Inns dha na daoine' gum bi sibh an toiseach a' coimhead air diofar sheòrsaichean casg-gin fear mu seach – bidh seo a' gabhail a-steach **iomplant, in-steallaidhean**, an uair sin **casg-gin èiginneach** an uair sin **condoman**.

3. An toiseach, iarr air na daoine' òga coimhead air an dà earrann air **an iomplant** agus **an in-stealladh** air làrach NHS Inform. Seall na ceistean stiùiridh air an slaighd. Iarr air na doine' òga coimhead, còmhradh a dhèanamh agus tilleadh air ais airson còmhradh sa bhuidheann mhòr.
  - a. Dè am fios a bh' agad mar thà?
  - b. Dè tha ùr dhut?
  - c. A bheil fiosrachadh sam bith eile ann a dh'iarraidh tu/sibh?

Crìochnaich leis an fhilm (eirmseach agus làn fiosrachaidh): **Cows talk Contraceptive Implants** <https://youtu.be/Pw1HruBL5Zs>

4. Dèan an aon rud airson **Casg-gin Èiginneach** a-rithist a' cleachdadh NHS Inform an seo (agus na ceistean proimh air an slaighd): <https://www.nhsinform.scot/healthy-living/contraception/emergencies/emergency-contraception>
- Ann a bhith a' bruidhinn mu chasg-gin-èiginneach bidh cinnteach gun **còmhdach** sibh na puingean seo:
- A thaobh mìneachadh air cuin a bu chòir a chleachdadh, cleachd an dà chuid làthaichean agus uairean a thìde far a bheil sin deatamach – daingnich nach ann a-mhàin airson na h-ath mhadainn (*morning after/next day*) a tha iad, gur e tha cudromach ach cho luath 's a ghabhas.
  - Anns a' mhòr-chuid de sgìrean gheibhear Casg-gin Èiginneach bhon bhùth-ceimigeir ionadail agus mar a bhiodh dùil bhon chlionaid slàinte-feise as fhaighe no bho ioanad tadhail no dotair teaghlaich (GP). Sa mhòr chuid de sgìrean tha e ri fhaighinn an asgaidh bho bhùithean-ceimigeir agus faodaidh daoine' òga fo aois 16 fhaighinn cuideachd. Mar neach-teagaisg an leasain seo tha e cudromach gum faigh thu a-mach mu dhòighean-obrach nam bùithean-ceimigeir as giorra dhuibh.

Crìochnaich leis an fhilm: **Elephants talk Emergency Contraception** <https://youtu.be/LkCQYaFIPzY>

5. **Condoman.** Can ged a bhios cuid air seisean a dhèanamh mar thà air cleachdadh chondoman, gum bi seo na ruith-thairis agus ùrachadh fiosrachaidh dhaibh. Dèan sgrùdadh san rùm feuch a bheil na daoine' òga air leasan a dhèanamh mar tha. Anns gach suidheachadh tha e feumail am film goirid seo a chleachdadh (1 mhion. 43) Condom demonstration <https://youtu.be/Rr2bahvJuOo> agus *condoman a chleachdadh air modailean ma tha iad agaibh.*

An uair sin faigh a-mach dè an t-eòlas a th' aig na daoine' òga mu chondoman bhoireannach, agus seall am film goirid bho Brook: <https://youtu.be/EfwstN51Zlw>

Sa chòmhradh mu chondoman às dèidh sin daingnich:

- Daingnich gur iad an doigh as fheàrr air thu fhèin a dhìon bhon mhòr-chuid de STlan.
- Gu bheil iad gad dhìon bho STlan airson feise beòil cuideachd.
- Faighnich dha na daoine' òga dè a bheachd a th' aca air seòrsaichean agus càileachd – ma tha feum air ceartaich mì-thuigse sam bith nach eil na condoman a gheibh iad an asgaidh bho sheirbheisean chondoman cho earbsach/math ris na seòrsaichean a cheannaicheas iad (me Durex).

Crìochnaich leis an fhilm: **Pufferfish talk Condoms** <https://youtu.be/ehRpXeX0SyI>

Às deidh na slaighdean mu chondoman tha 2 shlaighd mu lube. Seall iad agus dèan cinnteach à tuigse.

6. Till gu duilleagan **NHS Inform** mu na prìomh sheòrsaichean casg-gin <https://www.nhsinform.scot/healthy-living/contraception/getting-started/the-different-types-of-contraception> larr air na daoine' òga sùil a thoirt air gin sam bith air a bheil iad ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh, a' mìneachadh gum bi sibh a' tilleadh còmhla gus faighinn a-mach na chaidh a dhaingneachadh no dè tha ùr dhaibh.

larr air na daoine' òga smaoinneachadh mu na ceistean a-rithist (slaighd):

- a. Dè am fios a bh' agad mar thà?
  - b. Dè tha ùr dhut?
  - c. A bheil fiosrachadh sam bith eile a dh'iarradh tu/sibh?
7. An ceann greis, till a' bhuidheann còmhla agus faigh beachdan bhuap air na leugh iad – faodar dèiligeadh ri ceistean tro chòmhradh – sgrìobh ceistean sam bith a tha air fhàgail gun freagairt. Priont agus sgaoil am postair FPA le dealbhan agus mìneachaidhean de dhiofar sheòrsaichean casg-gin. <https://sexwise.fpa.org.uk/sites/default/files/resource/2018-04/contraceptive-choices-at-a-glance-chart-sexwise-fpa.pdf>

**8. Puingean cudromach** Seall an 2 shlaighd agus dèan cinnteach à tuigse, no brosnach còmhradh far am bi sin feumail, puing mu seach.

**Puingean cudromach**

- Tha e cudromach bruidhinn mu chasg-gin no condoman no 's dòcha gum bi daoine a' gabhail ris gu bheil an neach eile a' gabhail an uallaich – 's dòcha nach eil.
- Ma chuireas sibh air dòigh na dh'fheumas sibh bidh feise nas saorsainneil, sàbhailte agus tlachdmhòr.
- Tha còir agaibh air fiosrachadh ceart agus air casg-gin agus condoman.
- Cuimhnich cho cudromach 's a tha aonta – ged a than each air casg-gin a chur air dòigh no ged a bhiodh condoman aca chan eil e a' ciallachadh gu bheil iad an dùil a bhith ri feise. Feumaidh sibh fhathast bruidhinn agus an aire a thoirt a thaobh aonta.

**9. Airson crìochnachadh. Cruthaich slaighd mu na seirbheisean slàinte-feiseil ionadail agaibh, clionaigean, condoman an asgaidh, bùithtean ceimigeir airson a shealltainn.**

Cuir an cuimhne nan daoine 'òga cò an làrach air a bheil fiosrachadh an latha an diugh. Cuimhnich dhaibh gum faigh iad casg-gin an asgaidh agus comhairle bho chlionaigean dhaoine 'òga agus bhon dotair teaghlaich (GP) aca. Dèan cinnteach gu bheil fios aca mu sheirbheisean condoman an asgaidh san sgìre agaibh – 's dòcha gum bi seirbheis puist an asgaidh am measg seo, ma tha sgaoil am fiosrachadh seo. Nuair a tha thu a' sealltainn an slaighd cleachd seòlas san rùm gus leudachadh a dhèanamh air na gheibhear a dh'fhiosrachadh agus càite.

Dèan sgrùdadh feuch a bheil ceistean ann nach deach a fhreagairt. Mura h-eil freagairt agad dhaibh bheir leat copaidh agus till chun an ath sheisean le freagairtean dhan bhuidheann.

## Nòtaichean Tidseir